



LEABHAR AITH-GHEARR

Δ'

CHEASNUICHIDH,

AIR ORDUCHADH LE

IAR-MHINSTER;

LEIS AN D' AONTUICH

ARD-CHLEUR EAGLAIS NA H-AI BA

AIR A CHUR AN GAELIC

LE TOMAS ROS, LL.D.

MINISTEAR AN T-BOISGEIL ANN AN LOCHBHEARAIDH



EDINBURGH:

JOHN GRANT.

1890.

LEABHAR AITH-GHEARR NAN CEIST.

1. Ceist. *Ciod e's crìoch àraid do'n duine?*

Freagradh. 'S e 's crìoch àraid do'n duine, Dia a ghlòrachadh, agus a mhealtuinn gu suthainn.

2. C. *Ciod an riaghailt a thug Dia dhuinne g' ar seòladh chum 's gu feudamaid esan a ghlòrachadh agus a mhealtuinn?*

F. 'S e focal Dé, tha air a chur sìos ann an scriobtuiribh an t-Seann Tiomnaidh agus an Tiomnaidh Nuaidh, an aon riaghailt g' ar seòladh chum 's gu feudamaid esan a ghlòrachadh agus a mhealtuinn.

3. C. *Ciod e tha na scriobtuire gu h-àraid a' teagasg?*

F. Tha na scriobtuire gu h-àraid a' teagasg gach ni is còir do'n duine chneidsinn mu thimchioll Dé, agus an dleasanais a tha Dia 'g iarraidh air an duine.

4. C. *Ciod e Dia?*

F. Tha Dia na Spiorad neo chrìochnach, bibhuan, agus neo-chaochluidheach, 'na bbith, 'na ghliocas, 'na chumhaid, 'na naombachd, 'na cheartas, 'na mhaithneas, agus 'na fhìrinn.

5. C. *Am bheil tuille Dée ann ach aon?*

F. Cha 'n 'eil ann ach aon a mhàin, an Dia beò, fìor

6. C. *Cia lion pearsa tha san Diadhachd?*

F. Tha trì pearsa san Diadhachd, an t-Athair, am Mac, agus an Spiorad Naomh ; agus an trìuir sin is son Dia iad, ionann ann an nàdur, coimeas ann an cumhachd agus ann an glòir.

7. C. *Ciod iad orduighean Dhé ?*

F. 'S iad orduighean Dhé, a rùn sìorruidh a réir comhairle a thoile, leis an d'òrduich se roimh laimh, chum a ghloire féin, gach nì a thig gu crìch.

8. C. *Cia mar tha Dia cur 'orduighean an gnìomh ?*

F. Tha Dia cur 'orduighean an gnìomh ann an oibribh a' chruthachaidh agus an fhreasdail.

9. C. *Ciod e is obair cruthachaidh ann ?*

F. 'Se is obair cruthachaidh ann, gu'n d'rinn Dia na h-uile nì de neo-nì, le focal a chumhachd, ann an sèlàithibh, agus iad uile ro mhaith.

10. C. *Cia mar a chruthaich Dia an duine ?*

F. Chruthaich Dia an duine, fear agus bean, a réir 'ìomhaigh féin, ann an eòlas, fìreantachd, agus naomhachd, le uachdranachd os ceann nan creutairean.

11. C. *Ciod iad oibre freasdail Dé ?*

F. 'S iad oibre freasdail Dé, e bhì a' coimhead agus a' riaghladh uile chreutairean, le'n uile ghnìomharaibh, gu ro-naomh, gu ro-ghlic, agus gu ro-chumhachdach.

12. C. *Ciod e an gnìomh àraid freasdail a rinn Dia do thaobh an duine anns an staid anns an do chruthaicheadh e ?*

F. 'N nair a chruthaich Dia an duine, rinn e coicheangal beatha ris, ag iarraidh umhlachd iomlan air mar chumha ; a' toirmeasg dha ìsheadh do mheas craoibh eòlais maith agus uile, fo phéin a' bhàis.

13. C. *An d' fhan ar ceud sinnsir anns an staid anns an do chruthaicheadh iad ?*

F. Air bhi d'ar cend sinnsiribh air am fàgail gu saorsa an toile féin, thuit iad o'n staid anns an do chruthaicheadh iad, le peacachadh an aghaidh Dhé.

14. C. *Ciod e peacadh?*

F. 'S e peacadh briseadh lagha Dhé.

15. C. *Ciod e am peacadh leis an do thuit ar ceud sinnsir o'n staid anns an do chruthaicheadh iad?*

F. 'S e 'm peacadh leis an do thuit ar ceud sinnsir o'n staid anns an do chruthaicheadh iad, gu'n d'ith iad am meas toirmisgt.

16. C. *'N do thuit an cinneadh daonna uile ann an ceud pheacadh Adhaimh?*

F. Air bhi do'n cho-cheangal air a dheanamh ri Adhamh, cha b' ann a mhàin air a shon féin, ach air son a shliochd, uime sin, an cinneadh daonna uile a thàinig uathas nua, tro' ghinealachaidh gnàthaichte, pheacaich iad annas, agus thuit iad maille ris annas a' chend seachran.

17. C. *Ciod an staid guis an d' thug an leagadh an cinneadh daonna?*

F. Thug an leagadh an cinneadh daonna gu staid peacaidh agus truaighe.

18. C. *Ciod e peacadh na staid sin anns an do thuit an duine?*

F. 'S e peacadh na staid anns an do thuit an duine e bhi fo chionta ceud pheacaidh Adhaimh, fo easbhaidh na ceud fhìreantachd, agus fo thruaillidheachd a nàduir gu h-iomlan, d'an goirear gu coitcheann am peacadh gin, maille ris gach peacadh gnìomh tha 'sruthadh uath sin.

19. C. *Ciod i truaigh na staid sin anns an do thuit an duine?*

F. Troimh an leagadh, chaill an cinneadh daonna gu léir an co-chomunn ri Dia, tha iad fo 'fheirg agus a mhal-

lachd ; agus mar sin fo uile thruaighibh na beathia so, fo na bhàs féin, agus fo phiantaibh ifrinn gu sìorruidh.

20 C. *An d'fhòg Dia an cinneadh daonna uile gu bhì caillte ann an staid peacaidh agus truaighe ?*

F. Air taghadh do Dhia, d'a ghean maith féin, roimh thoiseach an t saoghail, cuid de na chinneadh dhaonna chum na beatha suthain, rinn e co cheangal gràis, g'an saoradh o staid peacaidh agus truaighe, agus an tabhairt gu staid sláinte trid Fìr-saoraidh.

21. C. *Co e 's Fear-saoraidh do phobull taghta Dhé ?*

F. 'Se 's aon Fhear-saoraidh do phobull taghta Dhé, an Tighearn Iosa Crìosd, neach air bhì dha 'na Mhac sìorruidh do Dhia, rinneadh e 'na dhuine, agus mar sin bha agus mairidh se 'na Dhia agus 'na dhuine, ann an dà nàdur, eadar-dhealaichte, agus na aon phearsa am feadh.

22. C. *Cia mar rinneadh Crìosd Mhac Dhé 'na dhuine ?*

F. Rinneadh Crìosd, Mac Dhé, 'na dhuine, le corp fìor agus anam reusonta a ghabhail da féin, air bhì dha, le cumhachd an Spioraid Naoimh, air a ghabhail am h-òinn Muire na h-Oighe, agus air a h-ùreith leatha, gidheadh as eugmhais peacaidh.

23. C. *Ciod iad na h oifigean a tha Crìosd a' cur an gnìomh mar ar Fear-saoraidh ?*

F. Tha Crìosd mar ar Fear-saoraidh a' cur an gnìomh oifigean Fàidh, Sagsairt, agus Rìgh, araon ann an staid 'frioslachaidh agus 'arduchaidh.

24. C. *Cia mar a tha Crìosd a' cur oifig Faidh an gnìomh ?*

F. Tha Crìosd a' cur oifig Fàidh an gnìomh, ann a bhì a' foillseachadh dhuinn le 'fhocal agus le 'Spiorad, toil Dé a chum ar slainte.

25 C. *Cia mar a tha Criosd a' cur oifig Sagairt an gnìomh?*

F. Tha Criosd a' cur oifig Sagairt an gnìomh le e féin a thoirt suas aon uair mar iobairt, a dhioladh cearta-ais Dé, agus g'ar deanamh-ne réidh ri Dia, agus le gnàth eadar-ghuidhe a dheanamh air ar son.

26. C. *Cia mar tha Criosd a' cur oifig Rìgh an gnìomh?*

F. Tha Criosd a' cur oifig Rìgh an gnìomh le sinne a cheannsachadh dha féin, ar riaghladh agus ar dìon'; agus le cosg' agus ceannsal a chur air na h-uilibh is naimh-dean dha-san agus dhuinne.

27. C. *Ciamar a bha Criosd air 'irioslachadh?*

F. Bha Criosd air irioslachadh le bhì air a bhreith, agus sin ann an staid iosal, air a dheanamh fuidh 'n lagh, dol fuidh thrnaighibh na beatha so, fuidh fheirg Dhé, agus fuidh bhàs malluichte a' chroinn-cheusaidh, le bhì air adhlacadh, agus fanteinn fuidh chumhachd a' bhàis ré seal.

28. C. *Cia mar tha Criosd air 'ardachadh?*

F. Tha Criosd air àrdachadh le 'aiseirigh o na marbh-aibh air an treas là, le 'dhol suas air nèamh, le suidhe air deas làimhe Dhé an Athar, agus le teachd a thoirt breith air an t-saoghal air an là dheireannach.

29. C. *Cia mar tha sinn air ar deanamh 'n ar luchd co-pairt d'an t saorsa a choisinn Criosd?*

F. Tha sinn air ar deanamh 'n ar luchd co'-pairt do'n t-saorsa a choisinn Criosd, leis an t-saorsa sin a bhì air a cur ruinne gu h éifeachdach le a Spiorad Naomh-san.

30 C. *Ciamar a tha an Spiorad a' cur ruinne na saorsa a choisinn Criosd?*

F. Tha'n Spiorad a' cur ruinne na saorsa a choisinn Crìosd, le creidimh oibreachadh annainn, leis a' bheil e 'g ar dlù-cheangal ri Crìosd ann ar gairm éifeachdach.

31. C. *Ciod i a' ghairm éifeachdach ?*

F. 'S i a' ghairm éifeachdach obair Spioraid Dé, anns am bheil e dearbhadh oirne ar peacanna agus ar truaighe, a soillseachadh ar n-inntinn le eòlas air Crìosd, ag ath-nuadhachadh ar toile, agus, air lorg sin, 'g ar deanamh deònach agus comasach air Iosa Crìosd a dhlù-ghabhail chugainn, mar a tha e air a thairgse dhuinn gu saor anns an t-soisgeul.

32. C. *Ciod iad na sochaire tha iadsan a ta air ar gairm gu h-éifeachdach a' faghail anns a' bheatha so ?*

F. Tha iadsan a ta air an gairm gu h-éifeachdach a' faghail anns a' bheatha so fireanachadh, uchd-mhacachd, agus naomhachaidh, maille ris gach sochair eile tha co-chuideachadh no a' sruthadh eatha anns a' bheatha so.

33. C. *Ciod e fireanachadh ?*

F. Is fireanachadh gnìomh saor ghràis Dhé, leis am bheil se a' maitheadh dhuinne ar n-uile pheacaidh, agus a' gabhail ruinn mar fhireanaibh 'na fhianuis féin, agus sin a mhàin air sgàth fireantachd Chrìosd, air a meas duinn, a's air a gabhail chugainn le creidimh a mhàin.

34. C. *Ciod i uchd mhacachd ?*

F. Is uchd-mhacachd gnìomh saor ghràis Dhé, leis am bheil sinn air ar gabhail a stigh ann an àireamh cloinne Dhé, agus còir againn air na h-uile sochair a bhuineas doibh.

35. C. *Ciod e naomhachadh ?*

F. Is naomhachadh obair saor ghràis Dhé, leis am bheil sinn air ar n-ath-nuadhachadh san duine gu h-iom-

lan, a réir iomhaigh Dhé, agus air ar deanamh comasach ni's mó agus ni's mó, gu básachadh do pheacadh, agus a bhi beò do fhireantachd.

36. C. *Ciod iad na sochairean a ta sa' bheatha so a' co-chuideachadh, no a' srutha o fhireanachadh, uchdmhacachd, agus naomhachadh?*

F. 'S iad na sochairean a ta sa' bheatha so a' co chuideachadh no sruthadh a nuas o fhireanachadh, uchdmhacachd, agus naomhachadh, dearbh-hheachd air gràdh Dhé, sith cogais, aoibhneas anns an Spiorad Naomb, fàs ann an gràs, agus huanachadh ann gu ruig a' chrìoch.

37. C. *Ciod iad na sochairean a ta creidmheach a' faghail o Chrìosd aig a' bhàis?*

F. Aig a' bhàis tha anamanna nan creidmheach air an deanamh forfe ann an naomhachd, a's air ball a' dol a chum glòire, agus air bhi d'an corpaibh sìor-cheangailte ri Chrìosd, ni iad còmhnuidh 'nan uaighean gu ruig an ais-eirigh.

38. C. *Ciod iad na sochairean a ta na creidmheach a' faghail o Chrìosd anns an ais-eirigh?*

F. Anns an ais-eirigh, air bhi do na creidmheach air an togail suas ann an glòir, bithidh siad air an aideachadh gu follaiseach, agus air an lán shaoradh air là a' hhreith-eanais, agus air an deanamh uile bheannaichte ann an Dia a lán mhealtuinn gu sìorruidh.

39. C. *Ciod e an dleasdanas a tha Dia ag iarraidh air an duine?*

F. 'Se an dleasdanas a tha Dia ag iarraidh air an duine, ùmhlaichd d'a thoil fhoillsichte.

40. C. *Ciod i an riaghailt ùmhlaichd a thug Dia do'n duine air tùs?*

F. 'S i an riaghailt ùmhlaichd a thug Dia do'n duine air tùs, lagh nam modhannan.

41. C. *C' àit om bheil lagh nam modhannan gu h-aithghearr air a chur sìos ?*

F. Tha lagh nam modhanna gu h-aithghearr air a chur sìos anna na deich aitheantaibh.

42. C. *Ciod is suim do na deich aitheantaibh ?*

F. 'S i is suim do na deich aitheantaibh, "An Tighearna ar Dia a ghràdhachadh le'r n-uile chridhe, le'r n-uil' anam, le'r n uile neart, agus le'r n-uil' inntinn ; agus ar coimhearsnaich a ghràdhachadh mar sinn féin."

43. C. *Ciod e roimh-ràdh nan deich aitheantan ?*

F. Tha roimh-ràdh nan deich aitheantan air a chur sìos anna na briathraibh so, " Is mise an Tighearna do Dhia, a thug a mach thu á tìr na h-Eìphit, á tigh na daorsa."

44. C. *Ciod a tha roimh-ràdh nan deich aitheantan a' teagasg dhuinn ?*

F. Tha roimh-ràdh nan deich aitheantan a' teagasg dhuinn, do bhrìgh 's gur e Dia is Tighearn ann, agus gur e ar Dia-ne e, agus ar Fear-saoraidh, uime sin gu bheil se mar fhiachaibh oirne uil' aitheantan a choimhead.

45. C. *Ciod i a' cheud àithne ?*

F. 'S i a' cheud àithne, "Na biodh dèe sam bith eile agad a'm' fhianuis-se."

46. C. *Ciod a tha a' cheud aithne ag iarraidh ?*

F. Tha a' cheud àithn' ag iarraidh oirne Dia aithneachadh agus aideachadh mar an t-aon Dia fìor, agus ar Dia-ne ; agus aoradh a's glèir a thoirt dha do réir sin.

47. C. *Ciod a tha a' cheud aithne a' toirmeasg ?*

F. Tha a' chend àithne a' toirmeasg an Dia fìor àich-eadh, 'na bhith, 'na aoradh, no na ghlòir, mar Dhia, agus mar ar Dia-ne; no 'n t aoradh agus a' ghlòir a bhuineas dhasan a mhàin a thoirt do neach air bith eile.

48. C. *Ciod a tha na briathran so sa' cheud aithne, "Na'm fhianuis," gu h-àraid a' teagasg dhuinn?*

F. Tha na briathra so sa' cheud àithne, "Na'm fhianuis." a' teagasg dhuinne, gu bheil Dia, d'an leir na h-uile nithe, a' toirt aire do'n pheacadh so, eadhon dia sam bith eile bhi againn, agus gu bheil e ro dhiombach air a shon.

49. C. *Ciod i an dara àithne?*

F. 'S i 'n dara àithne, "Na dean dhuit fèin dealbh snaighte, no coslas de ni sam bith a ta shuas air nèamh, no bhos air talamh, no anns na h-uisgeachaibh a tha fo'n talamh: Na crom thu fèin sìos doibh agus na dean seirbhis doibh; oir mis' an Tighearna do Dhia. is Dia eudmhor mi, a' leantuinn aingidheachd nan aithrichean air a' chloinn, gus an treas agus an ceathramh ginealach dhiubhsan a dh'fhuathaicheas mi; agus a' taisbeanadh tròcair do mhìlteibh dhiubhsan a ghràdhaicheas mi, agus a choimhideas m' àitheantau."

50. C. *Ciod a tha 'n dara àithne ag iarraidh?*

F. Tha 'n dara àithne ag iarraidh oirne gach gnè aoraidh agus orduigb Diadhaidh a dh' àithn Dia 'na fhocal, a ghabhail chugainn, 's a choimhead againn, 'sa ghleidheadh gu glan, iomlan.

51. C. *Ciod a tha 'n dara àithn' a' toirmeasg?*

F. Tha 'n dara àithn' a' toirmeasg aoradh a thoirt do Dia le dealbhaibh, no air mhodh air bith eile uach 'eil orduichte 'na fhocal.

52. C. *Ciod iad na reusona a tha ceangailte ris an dara àithne?*

F. 'S iad na reusona tha ceangailte ris an dara àithne, àrd-uachdranachd Dhé os ar cionn-ne, a shealbh-chòir annainn, agus 'eud airson 'aoraidh féin.

53. C. *Ciod i an treas aithne ?*

F. 'S i an treas àithne, " Na tabhair ainm an Tighearna do Dhé 'an diomhanas ; oir cha mbeas an Tighearna neo-chiontach a neach a bheir 'ainm an diomhain."

54. C. *Ciod a tha an treas aithne ag iarraidh ?*

F. Tha an treas àithne ag iarraidh gnathachadh naomh, urramach a dheanamh air ainmibh, buaidhibh, feartaibh, òrduighibh, briathraibh, agus oibribh Dhé.

55. C. *Ciod a tha an treas aithne ag toirmeasg ?*

F. Tha an treas àithne a' toirmeasg mì-naomhachadh, no mì-ghnàthachadh ni sam bith leis am bheil Dia 'ga fhoillseachadh féin.

56. C. *Ciod an reuson a tha ceangailte ris an treas aithne ?*

F. 'S e 'n reuson a tha ceangailte ris an treas àithne, ged fheud luchd-briseadh na h àithne se dol as o dhioghaltas a thachh dhaoine, gidheadh nach fhuiling an Tighearn ar Dia dhoibh dol as o 'cheart bhreitheanas féin.

57. *Ciod i a' cheathramh aithne ?*

F. 'S i a' cheathramh àithne, " Cuimhnich là na Sàbaid a choimhead naomh. Sè làithean saothraichidh tu, agus ni thu t'nil' obair : Ach 's e an seachdamh là Sàbaid an Tighearna do Dhé : anns an là sin cha dean thu obair sam bith ; thu féin, no do mhac, no do nighean, d'òglach, no do bhan-òglach, no d'ainmhidh, no do choigreach, a ta an tachh a stigh do d' gheataibh : oir ann an sè làithibh rinn an Tighearna nèamh agus an talamh, an fhairge, agus gach ni a ta anna ; agus ghabh se fois air an

t-seachdamh là ; air an aobhar sin bheannaich an Tigh-earna là na Sàbaid, agus naomhaich se e."

58. C. *Ciod a tha a' cheathramh aithne ag iarraidh?*

F. Tha a' cheathramh aithne ag iarraidh coimhead naomh a dheanamh do Dhia air na trèthaibh suidhicht' a dh'òrduich se 'na fhocal ; ach gu h-àraid aon là iomlan as na seachd làithibh gu bhi 'na shàbaid naomh dha féin.

59. C. *Ciod an la dheth na seachd a dh'òrduich Dia gu bhi 'na shabaid?*

F. O thoiseach an t-saoghail a nuas gu aiseiridh Chrìosd, dh'òrduich Dia an seachdamh là a bhi 'na shàbaid anns gach seachduin, agus a' cheud là do'n t-seachduin riamh o sin, gu ruig deireadh an t-saoghail, a leantuinne agus a ghnàthachadh, is e sin Sàbaid nan Crìosduidhean.

60. C. *Cia mar is coir an t-Sabaid a naomhachadh?*

F. Is còir an t-Sàbaid a naomhachadh le fois naomh a ghabhail ré fad an là sin, eadhon o na gnothaichibh saoghalta, o'n aighear agus o'n t-sùgradh a tha ceadaicht' air làithibh eile, agus an ùine uile a bhuileachadh ann an oibribh cràbhaidh gu diomhair agus gu follaiseach, saor o mheud 'sa tha feumail a chaitheadh ann an oibribh éigin agus trècair,

61. C. *Ciod a tha a' cheathramh aithne a' toirmeasg?*

F. Tha a' cheathramh aithne a' toirmeasg dleasdanas na sàbaid a dhearmad, no dhoanamh le mì-chùram, an t-sàbaid a mhi-naomhachadh le diomhanas, no le mì sam bith a dheanamh a ta cronail ann féin, no le smuaintibh, briathraibh, no gnìomharaibh neo-fheumail, mu'r gnothuichibh, no ar sùgradh shaoghalt.

62. C. *Ciod na reusain a tha ceangailte ris a' cheathramh aithne?*

F. 'S iad na reusan a tha ceangailte ris a' cheathramh àithne, gu bheil Dia a' ceadachadh dhuinne sè làithean do'n t-seachdain air son ar gnothaichean féin, ag agradh eòir àraid air an t-seachdamh là, an eisimpleir a thug se féin, agus gu'n do bheannaich e là na sàbaid.

63. C. *Ciod i a' chuigeadh aithne ?*

F. 'S i a' chuigeadh àithne, "Thoir onair do d' athair agus do d' mbàthair; a chum gu 'n sìnear do làithean air an fhearann a tha an Tighearna do Dhia a' toirt duit."

64. C. *Ciod a tha a' chuigeadh aithne ag iarraidh ?*

F. Tha a' chuigeadh àithne ag iarraidh an onoir a choimhead, agus an dleasdanas a choilionadh, a bhuineas do gach neach 'an lorg an inbhe 'san dàimh fa leth d'a chéile, ann an àirde, no 'n ìsle, no 'n coimeas inbhe.

65. C. *Ciod a tha a' chuigeadh aithne a' toirmeasg ?*

F. Tha a' chuigeadh àithne a' toirmeasg nì sam bith a dbeanamh an aghaidh na h-onoir agus an dleasdanas a bhuineas do gach neach, an lorg an inbhe 's an dàimhe fa leth da chéile.

66. C. *Ciod an reusan a tha ceangailte ris a' chuigeadh aithne ?*

F. 'S e'n reusan a tha ceangailte ris a' chùigeadh aithne, gealladh air sonas agus saoghal fada, (a réir mar bhitheas sin chum glòire Dhé, agus am maith féin) do uile luchd-coimhid na h-àithne so.

67. C. *Ciod i 'n t-seathadh aithne ?*

F. 'S i 'n t-sèathadh àithne, "Na dean mortadh.

68. C. *Ciod a tha an t-seathadh aithne ag iarraidh ?*

F. Tha 'n t-sèathadh àithne ag iarraidh gach uile dhì-

69 C. *Ciod a tha 'an t-seathamh aithne a' toirmeasg?*

F. Tha 'n t-sèathamh àithne a' toirmeasg ar beatha féin no beatha ar coimhearsnaich a thoirt air falbh gu h-eucorach, no ni sam bith a chuidicheas gu sin a dheanamh.

70. C. *Ciod i an t-seachdamh àithne?*

F. 'Si an t-seachdamh àithne, "Na dean adhaltranas."

71. C. *Ciod a tha 'n t seachdamh aithn' ag iarraidh?*

F. Tha 'n t-seachdamh àithne ag iarraidh ar geamnuidheachd féin agus geamnuidheachd ar coimhearsnaich a choimhead, ann ar cridhe, ann ar cainnt, agus ann ar beusaibh.

72. C. *Ciod a tha 'n t-seachdamh aithn' a' toirmeasg?*

F. Tha 'n t-seachdamh àithne a' toirmeasg na h-uile smuain, focail, agus gnìomh neo-gheamnuidh.

73. C. *Ciod i an t-ochdamh àithne?*

F. 'Si an t-ochdamh àithne, "Na dean gaduidheachd."

74. C. *Ciod a tha 'n t-ochdamh aithne ag iarraidh?*

F. Tha 'n t-ochdamh àithne ag iarraidh ar saoihbreas saoghalt fein, agus saoihbreas saoghalt dhaoim' eile chur ar aghaidh gu laghail.

75. C. *Ciod a tha 'n t-ochdamh aithne a' toirmeasg?*

F. Tha 'n t-ochdamh àithne a' toirmeasg gach ni a bhacas ar saoihbreas saoghalt féin, no saoihbreas saoghalt ar coimhearsnaich gu h-eucorach.

76. C. *Ciod i an naodhamh aithne?*

F. 'Si an naodhamh àithne, "Na tabhair fianuis bhréige an aghaidh do choimhearsnaich."

77. C. *Ciod a tha an naodhamh aithne ag iarraidh ?*

F. Tha 'n naodhamh àithne ag iarraidh an fhirinn a choimhead eadar duin' agus duine, agus ar deadh ainm féin agus deadh ainm ar coimhearsnaich a sheasamh, agus a chur air aghaidh, gu h-àraid ann an thabhairt fianuis.

78. C. *Ciod a tha 'n naodhamh aithne a' toirmeasg ?*

F. Tha 'n naodhamh àithne a' toirmeasg gach ni a tha leth-tromach air an fhirinn, no a ni eacoir air ar deagh ainm féin, no air dheagh ainm ar coimhearsnaich.

79. C. *Ciod i 'n deicheadh aithne ?*

F. 'Si 'n deicheadh àithne, "Na sanntaich tigh do choimhearsnaich, na sanntaich bean do choimhearsnaich, no 'òglach no 'bhan-oglach, no dhamh, no 'asal, no son ni is le do choimhearsnach."

80. C. *Ciod a tha 'n deicheadh aithne ag iarraidh ?*

F. Tha 'n deicheadh àithne ag iarraidh bhi làn-thoilichte le 'r crannchur féin, maille ri fonn spioraid, ceart agus seirceil do ar coimhearsnach, agus do gach ni a bhuineas da.

81. C. *Ciod a tha 'n deicheadh aithne a' toirmeasg ?*

F. Tha 'n deicheadh àithne a' toirmeasg na h-uile tallach air ar staid féin, farmaid agus doilgheis ri muith ar coimhearsnaich, agus na h-uile togradh agus misun ana creast do ni sam bith a ta aige.

82. C. *Am bheil neach sam bith comasach air aith-eanta Dhé a choimhead gu foirfe ?*

F. Cha'n 'eil neach sam bith nach 'eil ach 'na dhuin 'a

a mhàin, o thuiteam ar ceud sinnsir', comasach air àith-eanta Dhé a choimhead gu foirfe sa' bheatha so; ach tha na h-nìle 'g am briseadh gach là ann an smuain, focal, agus gnìomh.

83. C. *Am bheil gach uile bhriseadh an lagha coimeas ann an uamhrachd?*

F. Tha cuid de pheacaibh ann ta féin, agus a thaobh lomadh antromachaidh, ni's uamhara am fianuis Dé na chéile.

84. C. *Ciod a tha gach aon pheacadh a' toilltinn?*

F. Tha gach aon pheacadh a' toilltinn feirge agus mall-achaidh Dhé, ar aon anns a' bheatha so, agus anns a' bheatha a ta ri teachd.

85. C. *Ciod a tha Dia ag iarraidh uainne chum 's gu'n seachainn sinn fhearg agus a mhallachd a thoill sinn a thaobh ar peacaibh?*

F. Chum 's gu'n seachainn sinne fearg agus mallachd Dhé a thoill sinn a thaobh peacaidh, tha Dia ag iarraidh nainne creidimh ann an Iosa Criosd, aithreachas chum beatha maille ri gnàthachadh dìchiollach gach meadhoin o'n leth muigh leis am bheil Criosd a' compàirteachadh ruinne sochairean na sarosa.

86. C. *Ciod e creidimh ann an Iosa Criosd?*

F. Creidimh ann an Iosa Criosd, is gràs slàinteil e, leis am bheil sinn 'ga ghabhail sa, agus 'g ar socrachadh féin airson air son slàinte, mar a ta se air a thairgse dhuinn anna an t-soisgeul.

87. C. *Ciod e aithreachas chum beatha?*

F. Aithreachas chum beatha, is gràs slàinteil e, leis am bheil am peacach (air mothachadh dha gu ceart a pheac-

aidh féin, agus trócair Dhé ann an Criosd) le doilgheas agus fuath d' a pheacadh, a' tionndadh uaith gu Dia, le làn rùn, agus gnàth thàirgse, nuadh ùmhlaichd a thabhairt dha.

88. C. *Ciod iad na meadhona o'n leth muigh leis am bheil Criosd a' compairteachadh ruinn sochairean na saorsa?*

F. 'S iad na meadhona o'n leth muigh leis am bhoil Criosd a' compairteachadh ruinne shochairean na saorsa, 'òrduighean féin, gu h-àraidh am focal, na sàcramainte, agus ùrnuigh; a tha uile air an deanamh éifeachdach a chum slàinte do na daoineibh taghta.

89. C. *Cionnus a tha 'm focal air a dheanamh éifeachdach a chum slàinte?*

F. Tha Spiorad Dhé a' deanamh leughaidh, ach gu h-àraid searmonachaidh an fhocail, 'na mheadhon éifeachdach chum peacaich fhàgail ris agus iompadh, agus chum an togail suas ann an naomhachd, agus ann an co-fhurtachd, trèid creidimh, chum slàinte.

90. C. *Cionnus is còir am focal a leughadh agus éiseachd, chum 's gu 'm bi e éifeachdach a chum slàinte?*

F. Chum 's gu 'm bi am focal éifeachdach a chum slàinte, feumaidh sinne aire thoirt da le dùrachd, ullachadh agus ùrnuigh, a ghabhail chugainn le creidimh agus gràdh, a thasgaidh 'n ar cridheachaibh, agus a chur an gnìomh 'n ar caithe-beatha.

91. C. *Cionnus a tha na sacramainte air an deanamh 'nam meadhonaibh éifeachdach chum slàinte?*

F. Tha na sàcramainte air an deanamh 'nam meadhonaibh éifeachdach chum slàinte, cha'n ann o bhrìgh samh bith anna féin, no san ti a fhrithcileas iad, ach troimh

bheannachadh Cbrìosd a mhàin, agus oibreachadh a Spioraid 'san dream a ghabhas iad le creidimh.

92. *C. Cìod e sin Sacramaint ?*

F. Sacramaint is òrdugh naomh le Criosd i, anns am bheil Criosd agus sochairean a' cùmhnaint nuaidh air an taisbeanadh, air an seallachadh, agus air an cur ris na creidibhich, le comharaibh faicsinneach.

93. *C. Cìod iad sacramainte an Tiomnaidh Nuaidh ?*

F. 'S iad sàcramainte an Tiomnaidh Nuaidh, Baisteadh agus Suipeir an Tighearna.

94. *C. Cìod e sin baisteadh ?*

F. Am baisteadh is sàcramaint e, anns am bheil ionnlad le nig', ann an ainm an Athar, agus a' Mhic, agus an Spioraid Naoimh, a' ciallachadh, agus a' seallachadh, gu bheil sinn air ar suidheachadh ann an Criosd, agus 'n ar luchd-co'-pairt deth shochairibh cùmhnainte nan gràs, a' daingneachadh fòs ar bòid gur leis an Tighearn sinn.

95. *C. Co d' an còir am baisteadh a fhrithéaladh ?*

F. Cha chòir am baisteadh a fhrithéaladh do dhream sam bith a tha an taobh a muigh d' an eaglais fhaicsinnich. gus an a' d'ich iad an creidimh ann an Criosd, agus ùmhlachd dha; ach is còir naoidheana na muinntir a tha 'nam baill d' an eaglais fhaicsinnich a bhaisteadh.

96. *C. Cìod e sin Suipeir an Tighearna ?*

F. Suipeir an Tighearna is sacramaint i, anns am bheil bàs Chrìosd air fhoillseachadh, le aran agus fion a thabh-airt agus a ghabhail a réir 'ordugh féin; agus iadsan a ghabhas so gu h-ionmhuigh, tha siad (cha 'n ann air mhodh corpore, ach tríd creidimh) air an deanamh 'nan luchd-co'-pairt d'a chorp agus d'a fhuilsan, le 'uile shoch-

airibh, chum am beathachadh spioradail, agus am fas ann an gràs.

97. C. *Ciod a tha feumail a chum Suipeir an Tighearna a ghabhail gu h-ìomchuidh ?*

F. Is feumail dhoibhsan leis am b' àill Suipeir an Tighearna a ghabhail gu h-ìomchuidh, iad téin a cheasnachadh air an eòlais, chum corp an Tighearna aithneachadh ; air an creidimh, chum beathachadh airsan ; air an aithreachais, an gràdh, agus an nuadh-ùmhleadh ; air eagal, air teachd dhoibh gu neo-ìomchuidh, gu'n ith agus gu'n òl iad breitheanas dhoibh féin.

98. C. *Ciod e sin urnuigh ?*

F. 'Se ùrnuigh bhì cur snas ar n athchuinge ri Dia, ag iarraidh nithe do réir a thoile, ann an ainm Chrìosd, le aideachadh ar peacanna, agus a' toirt buidheachais dha airson a thìodhlacaibh.

99. C. *Ciod an riaghailt a thug Dia dhuinn g' ar seòladh ann an urnuigh a dheanamh ?*

F. Tha focal Dé uile feumail gu'r seòladh ann an urnuigh a dheanamh ; ach 's i 'n riaghailt àraid seòlaidh, an urnuigh sin a theagaisg Chrìosd d'a dheisciobluibh, d'an goirear gu coitcheann " Ùrnuigh an Tighearna "

100. C. *Ciod a tha roimh-ràdh Ùrnuigh an Tighearna a' teagasg dhuinn ?*

F. Tha roimh-ràdh Ùrnuigh an Tighearna (eadhon, "Ar n-Athair a ta air nèamh.") a' teagasg dhuinn teachd am fagus do Dhia leis gach uile urram naomh agus muinghinn, mar chloinn chum an Athar, a ta comasach agus dednach air cuideachadh leinn ; agus gur còir dhuinn urnuigh a dheanamh maille ri daoineibh eile, agus air an son.

101. C. *Ciod a tha sinn a' guidheadh anns a' cheud iarrtus?*

F. 'S a' cheud iarrtus (eadhon, "Gu naomhaichear d' ainm,") tha sinn a' guidheadh, Gu ma toil le Dia sinne agus muinntir eile a dheanamh comasach air e féin a ghlòrachadh anns gach aon ni leis am h-eil e 'ga fhoill-seachadh féin; agus gu'n òrduicheadh se gach aon ni chum a ghlòire féin.

102. C. *Ciod a tha sinn a' guidheadh anns an dara iarrtus?*

F. San dara iarrtus (eadhon, "Thigeadh do rìoghachd,") tha sinn a' guidheadh, gu'm biodh rìoghachd Shatain air a sgrios, agus rìoghachd nan gràs air a meudachadh, gu'm bi sinn féin agus muinntir eile air ar toirt d' a h-ionnaidh, agus air ar coimhead innt; agus gu'm biodh rìoghachd na glòire air a luathachadh.

103. C. *Ciod a tha sinn a' guidheadh anns an treas iarrtus?*

F. San treas iarrtus (eadhon, "Deanar do thoil air thalamh mar a nìthear air nèamh,") tha sinn a' guidheadh, gu'n deanadh Dia sinn comasach agus deònach le 'ghràs, chum còlas a ghahhail air a thoil, agus a bhi umbal, agus strìochdadh dhi anns gach aon ni, amhluidh mar a ta na h-aingil air nèamh.

104. C. *Ciod a tha sinn a' guidheadh anns a' cheathramh iarrtus?*

F. Sa' cheathramh iarrtus (eadhon, "Tabhair dhuinn an diugh ar n-aran lathail,") tha sinn a' guidheadh, Gu faigheamaid, deth shaor thoirhheartas Dé, cuibhrionn chumseach deth nìthe maithe na beatha so, agus gu meamaid a h-beannachadh leo.

105. C. *Cìod a tha sinn a' guidheadh anns a' chùig-eadh iarrtus ?*

F. Sa' chùigeadh iarrtus (eadhon, "Agus maith dhuinn ar fiachan, mar a mbaitheamaid d' ar luchd-fiach,") tha sinn a' guidheadh, Gu maitheadh Dia dhuinn gu saor ar n-uile pheacaidh ; agus is mò ar misneach so iarruidh. gu bbeil sinn air ar neartachadh le a ghràis, gu maith-eanas a thoirt do dhaoibh eile o ar cridhe.

106. C. *Cìod a tha sinn a' guidheadh anns an t-seathadh iarrtus ?*

F. San t-seathadh iarrtus (eadhon, "Agus na leig sinn am buaireadh, ach saor sinn o ole,") tha sinn a' guidheadh, gu'n gleidheadh Dia sinn o bhi air ar buaireadh chom peacaidh, no gu'n cumadh e suas agus gu'n saoradh se sinn an uair a bhuairear sinn.

107. C. *Cìod a tha co-dhùnadh Urnuigh an Tighearna a' teagasg dhuinn ?*

F. Tha co-dhùnadh Urnuigh an Tighearna (eadhon, "Oir is leatsa an rìoghachd, agus an cumhachd, agus a' ghlòir gu sìorruidh. Amen,") a teagasg dhuinn ar misneach ann an urneigh a ghabhail o Dhia a mhàin, agus ann ar n-urnnigh esan a mholadh, le rìoghachd, cumhachd, agus glòir a thoirt da. Agus mar dhearbhadh air ar mian, agus ar dòchas ri éideachd fhaghainn, Jeir-eamaid. *Amen.*

NA DEICH AITHEANTAN.

ECSODUS XX.

LABHAIR Dia na hriathran so nìle, ag ràdh, Is mise an Tighearna do Dhia, a thug a mach thu á tìr na h-Eiphit, á tìgh na daorsa.

I. Na hiodh dée sam hith eile agad a'm' làthair-sa.

II. Na dean dhuit féin dealbh snaighte, no coslas de nì sam hith a ta shuas air nèamh, no bhos air talamh, no anns na h-uisgeachaihh a tha fo'n talamh: Na crom thu féin sìos doibh agus na dean seirbhis doibh; oir mis' an Tighearna do Dhia, is Dia eudmhor mi, a' leantuinn aingidheachd nan aithrichean air a' chloinn, gus an treas agus an coathramh ginealach dhiubhsan a dh'fhuathaicheas mi; agus a' taisbeanadh trócair do mhiltibh dhiubhsan a ghrádaicheas mi, agus a choimhideas m' àitheantan.

III. Na tabhair ainm an Tighearna do Dhé 'an diomhanas; oir cha mheas an Tighearna neo-chiontach a neuch a bheir 'ainm an diomhain.

IV. Cuimhnich là na Sábaid a choimhead naomh. Sè làithean saothraichidh tu, agus nì thu t'uil' obair: Ach 'se an seachdamh là Sábaid an Tighearna do Dhé: anns an là sin cha dean thu obair sam hith; thu féin, no do mhac, no do nighean, d'òglach no do hhan-òglach, no d'ainmhidh, no do choigreach, ata an taobh a stigh do d' gheataihh: oir ann an sè làithibh rinn an Tighearna nèamh agus an talamh, an fhairge, agus gach nì a ta anna; agus ghahh se fois air an t-seachdamh là; air an aohhar sin. hheannaich an Tighearna là na Sábaid agus naomhaich se a.

V. Thoir onair do d' athair agus do d' mhàthair; a chum gu 'n sìnear do làithean air an fhearann a tha an Tighearna do Dhia a' toirt duit.

VI. Na dean mortadh.

VII. Na dean adhaltranas.

VIII. Na dean gaduidheachd.

IX. Na tabhair fianuis bhréige an aghaidh do choimhearsnaich.

X. Na sanntaich tigh do choimhearsnaich, na sanntaich bean do choimhearsnaich, no 'òglach, no 'bhanòglach, no 'dhamh, no 'asal, no aon ni a's le do choimhearsnach.

NA DEICH AITHEANTAN ANN AN DAN.

1. Na géil do neach sam bith ach mi.
2. Do dh'ìomhaidh-bhréig' a chaidh na strìochd.
3. Ainm naomh do Dhé na luaidh gu faoin.
4. Cuimhnich a Shàbaid choimhead naomh.
5. Do d' phàrantan thoir onair mhòr.
6. Is neach air bith na mort 's na leòn.
7. Bho neo-ghloin' cum thu féin gun lochd.
8. 'S na goid ged bhiodh do staid ro bhochd.
9. A's fianuis bhréig na toir air neach.
10. 'S na sanntaich cuid do choimhearsnaich.

URNUIGH AN TIGHEARNA.

MATA VI.

Ar n-Athair a ta air nèamh. Gu naombaichear d'Ainm. Thigeadh do rioghachd. Deanar do thoil air thalamh mar a nithear air nèamh. Tabhair dhuinn an diugh ar n-aran làthail. Agus maith dhuinn ar fiacha, amhuil mar a mhaithreas sinne d'ar luchd-fiach. Agus na leig am buaireadh sinn; acb saor sinn o ole: Oir is leat-sa an rioghachd, agus an cumhachd, agus a' ghlòir, gu siorruidh. Amen.

A' CHREUD.

Creideam ann an Dia an t-Athair Uile-chumhachdach, Cruithfhear nèimh agus na talmhainn; agus ann an Iosa Criosd, son Mhac-san, ar Tighearna, neach a ghineadh o'n Spiorad Naomh, a rugadh leis an Oigh Muire, a a dh'fhuiling fo Phontius Pilat, a cheusadh, a fhuair bàs, agus a dh'adhlaiseadh, a chaidh sìos do staid nam marbh, a dh'éirich a rìs o na marbhaibh air an treas là, a chaidh suas air nèamh, agus a ta 'na shuidhe air deas làimh Dhé an Athar Uile-chumhachdach, agus as a sin a thig a thoirt breith air na beòthaibh agus air na marbhaibh. Creideam anns an Spiorad Naomh, anns an Eaglais naomh choitcheann, ann an co-chomunn nan naomh, ann am maitheanas peacaidh, ann an aiseirigh a' chuirp, agus anns a' bheatha mhaireannach. Amen.

CRIOCH.



